

Plana Comhairle Siorrachd Rinn Friù

Ùrachadh meadhan-ùine–
Ògmhios 2024

A' cruthachadh Siorrachd
Rinn Friù nas cothromaiche,
stèidhichte air ùr-ghnàthachadh,
sunnd agus cothrom



Renfrewshire
Council



Clàr-innse

Ro-ràdh bho Stiùiriche agus Ceannard Chomhairle Siorrachd Rinn Friù.....	4
Mu Shiorrachd Rinn Friù	6
Ar Buidheann	8
Mu Phlana na Comhairle.....	10
Na builean ro-innleachdail againn	12
Prìomhachasan àrd-ìre de na còig builean Ro-innleachdail againn	13
Àite.....	17
Eaconamaidh	21
Cothromach	25
Uaine.....	29
A' Beathachadh ar Luachan	32
A' leasachadh bhuilean airson clann agus teaghlaichean.....	35

Ro-ràdh bho Stiùiriche agus Ceannard Chomhairle Siorrachd Rinn Friù

Nuair a leasaich sinn Plana Comhairle Siorrachd Rinn Friù 2022 gu 2027 an toiseach, 's e àite gu math eadar-dhealaichte a bh' ann bho Shiorrachd Rinn Friù bho dìreach 5 bliadhna ron àm a chaidh ar Plana Comhairle roimhe seo a leasachadh. Bha sinn dìreach air atharrachadh mòr fhaicinn nar dòighean air a bhith beò, ag obair agus ag ionnsachadh tron ghalar mhòr-sgaoilte COVID-19, agus thathas fhathast a' faireachdainn cuid de na buaidhean sin an-dràsta. Aig an àm a chaidh am Plana seo a leasachadh, bha sinn a' faighinn eòlas air toiseach èiginn cosgais bith-beò air feadh na dùthcha, a' bualadh air taigheadasan agus gnìomhachasan, còmhla ri cùisean èiginn daonnachd le daoine air an gluasad le cogadh agus èiginn chruinneil eile.

A-nis, aig ìre meadhan-ùine ann an 2024, tha sinn air a' chothrom a ghabhail gus ar prìomhachasan a neartachadh tuilleadh—ag aithneachadh nan dùbhlain a tha ro ar coimhearsnachdan fhathast, agus a' comharrachadh nan raointean far an urrainn dhuinn mar Chomhairle cuideachadh gus an diofar as motha a dhèanamh.

Na tha sinn an dòchas—airson muinntir Shiorrachd Rinn Friù agus ar n-àite—tha na h-àrd-amasan seo seasmhach agus làidir, a' stiùireadh ar co-dhùnaidhean agus a' cur fòcas air ar gnìomhan.

Tha Plana na Comhairle againn a' mìnachadh prìomhachasan na Comhairle gu 2027, tha e a' toirt cunntas air na gnìomhan a nì sinn gus atharrachadh a lìbhrigeadh thar Siorrachd Rinn Friù taobh a-staigh nan cuspairean air a bheil feum air ar fòcas. Tha am Plana seo fhathast àrd-amasach ged a tha fios againn gu bheil cnapan-starra mòra romhainn. Tha dùbhlain ionmhais ùra romhainn do Chomhairle Siorrachd Rinn Friù a tha a' ciallachadh atharrachaidhean bunaiteach san dòigh sa bheil sinn ag obair agus

a' lìbhrigeadh sheirbheisean. Mar Chomhairle, tha uimhir de rudan adhartach againn ri togail air, tha dìoghras agus cruthachalachd againn, agus tha sinn fhathast dealasach a thaobh a bhith a' lìbhrigeadh seirbheisean làidir uile-choitcheann a dh'fheumas daoine ann an Siorrachd Rinn Friù gach latha airson am beatha a chaitheamh gu math.

Brosnaichidh sinn coimhearsnachdan coibhneil agus co-cheangailte—far a bheil ar saoranaich moiteil às an àite, air feadh Siorrachd Rinn Friù, agus far a bheil daoine eile air bhioran gluasad an seo agus a bhith a' co-roinn nan cothroman a tha aig Siorrachd Rinn Friù ri thabhann.

Bheir sinn taic do dh'eaconamaidh ionadail làidir is sùbailte — le Siorrachd Rinn Friù comasach air gabhail ri dùbhlain is cothrom, a' togail fulangas gus taic a thoirt do dh'obraichean agus sgilean uaine math airson gum faigh muinntir an àite air fad na buannachdan bho bhith a' fuireach agus ag obair an seo.

Tha sinn ag iarraidh gum bi Siorrachd Rinn Friù na àite cothromach—far a bheil na cothroman as fheàrr aig na daoine againn uile air beatha shona, fhallain agus choileanta; a bhith a' faireachdainn sàbhailte; a' faighinn taic agus cumhachd gus neart ar comas coitcheann fhuasgladh.

Tha sinn ag obair a dh'ionnsaigh àm ri teachd nas uaine – a' gabhail uallach airson a' bhuaidh a th' againn air a' phlanaid againn agus a' gabhail ceumannan gaisgeil, dàna gus an àrainneachd nàdarra a dhìon a tha a' toirt taic agus buannachd dhuinn uile.

Mar bhuidheann, tha sinn airson gum bi ar luchd-obrach a' faireachdainn moiteil a bhith ag obair do Chomhairle Siorrachd Rinn Friù leis gur e buidheann stèidhichte air luachan a th' annainn, far a bheil sinn uile a' tuigsinn agus a' cur luach air na tha sinn a' cur ris, agus tha sinn dòigh-sach mu bhith a' dèanamh eadar-dhealachadh airson Siorrachd Rinn Friù. Tha sinn ag obair nas fheàrr agus ann an dòighean gu tur eadar-dhealaichte, a' geurachadh fòcas na buidhne againn gus coinneachadh ris na dùbhlain ionmhasail mòra a tha romhainn. Tha sinn airson cumail oirnn

a' leasachadh ar seirbheisean agus a' coinneachadh ri feumalachdan caochlaideach muinntir an àite, ach feumaidh sinn seo a chothromachadh taobh a-staigh nan goireasan a tha rim faotainn dhuinn. Bheir sinn aghaidh air seo còmhla agus le ar luachan aig cridhe ar dòigh-obrach.

Os cionn gach nì, thar ar n-obair agus ar n-oidhirpean gu lèir, tha sinn an dòchas ri beatha ghràdhach agus thoilichte airson clann Siorrachd Rinn Friù — ag obair còmhla gus a dhèanamh ceart airson clann, teaghlaichean agus coimhearsnachdan – a' dìon, ag ionnsachadh, a' coileanadh agus ag àrach. Cuiridh a h-uile prìomhachas ann am Plana na Comhairle seo ri leasachadh beatha chloinne Siorrachd Rinn Friù agus an teaghlaichean. Tha e mar dhleastanas bunaiteach oirnn mar bhuidheann agus ar dleastanas co-roinnte mar shaoranaich an àite seo dèanamh cinnteach gu bheil ar clann a' sealbhachadh Siorrachd Rinn Friù far a bheil an sunnd air àrach, an àm ri teachd soilleir, agus an àrainneachd sàbhailte agus fallain.

Tha an lèirsinn againn soilleir, agus tha am Plana Comhairle ùraichte seo a' mineachadh nam prìomhachasan air am bi sinn a' cuimseachadh gus seo a lìbhrigeadh airson Siorrachd Rinn Friù san àm ri teachd. Còmhla ri Plana Coimhearsnachd Siorrachd Rinn Friù, tha am Plana Comhairle seo a' suidheachadh ar rùintean gu 2027 agus tha e na 'threòrachadh' airson ar com-pàirtichean, ar co-obraichean air feadh na Comhairle, agus gu sònraichte ar saoranaich gus tuigsinn far a bheil sinn ag iarraidh ar turas a stiùireadh agus mar a tha sinn uile a' faighinn ann, còmhla.

Mu Shiorrachd Rinn Friù

Tha Siorrachd Rinn Friù suidhichte air taobh an iar meadhan na h-Alba agus 's i a-nis an 9mh Comhairle as motha ann an Alba a-rèir àireamh an t-sluaigh ach a' gabhail a-steach fearainn gu ìre bheag de 270 cilemeatair ceàrnagach. Tha còrr air 184,000 neach a' fuireach ann an Siorrachd Rinn Friù, agus thathar an dùil gun lean an àireamh-sluaigh againn a' fàs thar nan deich bliadhna a tha romhainn, gu sònraichte sluagh a tha 60 agus nas sine. Tha sinn cuideachd an dùil gun àrdaich an àireamh de dhachaighean gu còrr air 90,000 ro 2028, gu ìre mhòr air a stiùireadh le àireamh a tha a' sìor fhàs de dhachaighean singilte inbheach no dà inbheach gun chloinn.

Ged nach eil Siorrachd Rinn Friù cho eadar-mheasgte a thaobh cinnidh na Alba gu h-iomlan, tha fios againn gur e àite a th' ann far a bheil iomadachd cinneachail a' sìor fhàs, le ar clàran bun-sgoile gu sònraichte a' nochdadh an àrdachaidh seo.

Tha fios aig na daoine a tha a' fuireach an seo gur e àite air leth a th' ann an Siorrachd Rinn Friù. Le eachdraidh is dualchas, ar cultar is ar cruthachalachd, agus ar ùr-ghnàthachas agus ar innleachdas, bha Siorrachd Rinn Friù a-riamh na àite air am b' fhiach coimhead.

Tha an t-àite againn gun samhail—ceangailte gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta tro rathad, abhainn, rèile agus adhair, ach a cheart cho làn de raointean nàdarra ciùin airson ath-cheangal agus ath-lìonadh.

Tha Siorrachd Rinn Friù aig cridhe adhartasan ùra inntinneach airson eaconamaidh na h-Alba mar dhachaigh do Sgìre Ùr-ghnàthachaidh Saothrachaidh Adhartach na h-Alba. Tha sinn aig fìor thoiseach na roinne seo a tha a' leasachadh agus tha sinn a' faighinn tlachd às an àrdachadh ann an cosnadh, sgilean agus fàs eaconamach a bheir seo gu Siorrachd Rinn Friù agus tha sinn air ar suidheachadh fhèin gus barrachd ghnìomhachasan a thàladh a tha ag aithneachadh ar comas.

Thar Siorrachd Rinn Friù gu lèir, tha sinn fortanach gu bheil beairteas de mhaoin chultarail is dualchais againn. Tha sinn air £100m a thasgadh anns na h-àiteachan measail seo, a' cruthachadh ghoireasan ùr-nodha aig ìre cruinne, a' daingneachadh an àm ri teachd agus a' dèanamh cinnteach gun cùm iad orra a' brosnachadh ar daoine agus a' misneachadh luchd-tadhail gus ar n-eachdraidh a chomharrachadh agus taic a thoirt don roinn ealain shoirbheachail againn.



Tha àiteachan tarraingeach uaine ann an Siorrachd Rinn Friù cuideachd air feadh na sgìre cruinn-eòlasach againn gu lèir—oirthir, coille, mòinteach agus talamh fliuch—le cothroman airson coiseachd, cuibhle no baidhsagal agus tlachd fhaighinn bhon àrainneachd nàdarra eireachdail againn, raon eadar-mheasgte de fhiath-bheathaichean agus seallaidhean iongantach thairis air Gleann Chluaidh agus nas fhaide air falbh.

Ach, tha raon de dhùbhlain mu choinneimh Siorrachd Rinn Friù, agus bha mòran dhiubh ann airson ùine ach a tha air an doimhneachadh leis an dà chuid an galar mòr-sgaoilte agus cosgais bith-beò.

Tha bochdainn chloinne ann an Siorrachd Rinn Friù air a bhith ag èirigh mean air mhean, leis na figearan as ùire ag innse dhuinn gu bheil timcheall air aon às gach còignear chloinne ann an Siorrachd Rinn Friù a' fuireach ann am bochdainn. Tha seo beagan nas ìsle na an ìre nàiseanta, ach tha fios againn cuideachd gu bheil cuid de phòcaidean ann an Siorrachd Rinn Friù far a bheil an reat gu math nas àirde.

Chaidh obair chudromach a dhèanamh gus coileanadh àrdachadh dha na h-uile agus aig an aon àm a' dùnadh a' bheàrn coileanaidh eadar a' chlann agus na daoine òga as bochda agus as beartaiche. Tha sgoilearan Siorrachd Rinn Friù a' coileanadh os cionn na h-ìre nàiseanta airson litearrachd agus àireamhachd ged a tha na h-ìrean de bhochdainn againn nas àirde na a' chuibheasachd. Bidh barrachd luchd-fàgail na sgoile ann an Siorrachd Rinn Friù a' dol a-steach gu cinn-uidhe adhartach na a'

chuibheasachd nàiseanta, ach tha fios againn gu bheil obair againn ri dhèanamh gus clann agus daoine òga aig a bheil eòlas cùraim a chuideachadh gus amannan ri teachd math a thogail fhad 's a tha iad a' gluasad air adhart bhon sgoil. Ged a tha ìre cion-cosnaidh Siorrachd Rinn Friù an ìre mhath co-ionann ri ìre na h-Alba, tha fada a bharrachd dhaoine againn ann an Siorrachd Rinn Friù ag obair ann an obraichean le tuarastal ìosal an taca ris na dealbhan Albannach agus roinneil. Tha ceudad mòran nas àirde againn cuideachd de dhaoine nach eil ag obair air sgàth tinneasan slàinte fad-ùine ann an Siorrachd Rinn Friù an taca ris a' chuibheasachd nàiseanta. Tha timcheall air cairteal de luchd-còmhnaidh Siorrachd Rinn Friù a' fuireach ann an raon-dàta taobh a-staigh an 20% as bochda ann an Alba.

Tha a' bhuaidh ri fhaicinn nar slàinte agus ar sunnd — tha dùil-beatha Siorrachd Rinn Friù nas ìsle na dùil-beatha cuibheasach na h-Alba, an dà chuid fireannaich is boireannaich. San aon dòigh, tha an 'dùil-beatha fallain', a tha a' mìneachadh a bhith beò ann an deagh shlàinte, cuideachd nas ìsle na an ìre nàiseanta airson fireannaich is boireannaich. Tha an ìre de bhàsan co-cheangailte ri drogaichean ann an Siorrachd Rinn Friù gu cunbhalach os cionn ìre na h-Alba agus tha e air a bhith nas àirde gu cunbhalach bho 2017. Bha ìre bàis sònraichte deoch-làidir Siorrachd Rinn Friù còrr is 4 tursan nas àirde anns na sgìrean as bochda an taca ris na sgìrean as beartaiche.

Ar Buidheann

Tha dealas aig Comhairle Shiorrachd Rinn Friù cùisean a chur ceart. Tha sinn àrd-amasach airson ar sgoiltean sàr-mhath, ar gnìomhachasan dìcheallach agus ùr-ghnàthach, ar coimhearsnachdan agus an àrainneachd.

Tha ceithir seirbheisean air feadh Chomhairle Shiorrachd Rinn Friù—Ceannard, Seirbheisean Cloinne, Àrainneachd, Taigheadas is Bun-structair, agus Ionmhas is Goireasan. Bidh sinn cuideachd ag obair còmhla ri ar prìomh chom-pàirtichean Com-pàirteachas Slàinte is Cùram Sòisealta Siorrachd Rinn Friù agus OneRen a bharrachd air ar com-pàirtichean planadh coimhearsnachd leithid Engage Renfrewshire, SNS, Poileas Alba, Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba, Oilthigh Taobh Siar na h-Alba agus Colaiste Taobh Siar na h-Alba. Bidh sinn ag obair gu dlùth le buidhnean air feadh na treas roinne agus an roinn prìobhaideach ann an Siorrachd Rinn Friù gus na seirbheisean as fheàrr a sholarachadh anns na dòighean as fheàrr dha ar coimhearsnachdan. Mar bhuidheann, bidh sinn a' faighinn bathar agus seirbheisean airson Siorrachd Rinn Friù luach timcheall air £225m gach bliadhna agus bidh sinn ag obair gu cruaidh gus mòran de na buannachdan bhon chumhachd ceannach seo a chumail ionadail.

Tha sinn moiteil às an sgioba againn a tha ag obair 24/7 gus cùram a thoirt don fheadhainn as motha a tha feumach air ar taic—aig gach ìre de ar beatha—a' cuideachadh le seo a dhèanamh na àite sàbhailte, aoigheil agus cothromach don a h-uile duine. Bidh sinn a' toirt seachad seirbheisean uile-choitcheann, is iad sin na rudan a tha a' bualadh air ar beatha làitheil, leithid solais sràide, cabhsairean agus rathaidean sàbhailte, sgudal agus ath-chuairteachadh. Bidh sinn cuideachd a' toirt seachad seirbheisean nas cuimsichte aig amannan far a bheil feum aig daoine air beagan a bharrachd taic, leithid obair shòisealta agus seirbheisean cùram sòisealta. Tha sinn air a bhith ag obair gu cruaidh gus taic a thoirt do ar coimhearsnachdan tro èiginn cosgais bith-beò le pròiseactan a chaidh air adhart tron phrògram againn ann an Siorrachd Rinn Friù nas Cothromaiche, a' gabhail a-steach Ceanglaichean Geamhraidh agus samhraidh spòrsail.

Tha e cudromach dhuinn a bhith ga dhèanamh ceart gus an urrainn dhuinn na cothroman a thathar airidh air a thoirt do dhaoine òga gus Siorrachd Rinn Friù a thoirt air adhart agus buannachd a thoirt dha na ginealaichean ri teachd.




8,506
luchd-obrach




12 years

cuibheasachd ùine cosnaidh



2,201
fireanach

6,305
boireannach




41%

pàirt-ùine

59%

làn-ùine



70%

de luchd-obrach
a' fuireach ann
an Siorrachd
Rinn Friù

12

sgìrean taghaidh

43

comhairlichean

Mu Phlana na Comhairle

Mar a chaidh am plana a leasachadh

Chaidh Plana Comhairle Siorrachd Rinn Friù a leasachadh tro phròiseas rannsachaidh agus com-pàirteachaidh an co-bhonn ris a' phrìomh phlana aige —Plana Coimhearsnachd Siorrachd Rinn Friù. Còmhla, tha an dà phlana a' toirt cunntas air an lèirsinn airson Siorrachd Rinn Friù agus mar a tha sinn airson faighinn ann. Tha Plana na Comhairle a' comharrachadh na bhios Comhairle Siorrachd Rinn Friù a' cuimseachadh air, agus tha am Plana Coimhearsnachd airson gum bi Com-pàirtichean Dealbhadh Coimhearsnachd Siorrachd Rinn Friù (a' Chomhairle nam measg) a' cuimseachadh air raointean far an urrainn dhuinn eadar-dhealachadh a dhèanamh le bhith ag obair còmhla.

B' e prìomh àite tòiseachaidh a bhith a' tuigsinn cò ris a bha Siorrachd Rinn Friù coltach an-dràsta agus dè bha air atharrachadh bho chaidh na Planaichean a bh' ann roimhe a leasachadh ann an 2017. Chaidh Measadh Feumalachdan Ro-innleachdail (SNA) a dhèanamh, a' togail air a' Mheasadh Buaidh Coimhearsnachd a chaidh a leasachadh mar phàirt den Phlana Ath-nuadhachaidh Shòisealta. Choimhead an SNA air a h-uile taobh eadar-dhealaichte de bheatha ann an Siorrachd Rinn Friù, raon de dhiofar dàta - gach cuid nàiseanta agus ionadail—agus fiù 's sùil air suirbhidhean a rinn sinn thar nam beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh le ar saoranaich, gu sònraichte tro Phannal Seirbheisean Poblach Siorrachd Rinn Friù. Chuidich an obair seo sinn gus

tuigse fhaighinn air na dùbhlain a tha mu choinneamh Siorrachd Rinn Friù agus na raointean far am bu chòir dhuinn ar n-aire a chuimseachadh.

Còmhla ris an rannsachadh seo, bheachdaich sinn cuideachd air a' cho-theacsa poileasaidh airson Siorrachd Rinn Friù, an dà chuid aig ìre ionadail agus nàiseanta: dè an obair a bha sinn air gealltainn a choileanadh, dè na dleasan a dh'fheumadh sinn a choileanadh stèidhichte air maoineachadh nàiseanta no atharrachaidhean reachdas, agus dè na pròiseactan agus na prògraman a bha sinn airson a bhith mar phàirt dhiubh anns na bliadhnaichean ri teachd.

Rinn sinn conaltradh le ar co-obraichean, Buill Thaghte, agus (a thaobh a' Phlana Choimhearsnachd) le ar coimhearsnachdan agus com-pàirtichean planadh coimhearsnachd agus rinn sinn cinnteach gun robh an susbaint a' dèanamh ciall; gun robh an t-slighe siubhail a' coinneachadh ris an lèirsinn agus am miann; agus gun robh iad a' faireachdainn gu robh seo a' riochdachadh gu math na tha aig Comhairle Shiorrachd Rinn Friù agus Siorrachd Rinn Friù mar àite.

San Ògmhios 2024, rinn sinn ùrachadh air a' Phlana Comhairle seo, gus co-theacs caochlaideach na Comhairle a nochdadh, gus am fòcas a gheurachadh air prìomh raointean prìomhachais agus ag ùrachadh ar gnìomhan agus comharran coileanaidh chun an ìre as freagarraiche a tha ri fhaotainn airson ar n-adhartas a thomhas.

Ciamar a dh'obraicheas am plana?

Tha am Plana Comhairle seo a' toirt cunntas air an àite ris a bheil sinn an dùil ro 2027. Tha e ag innse cò sinn mar bhuidheann agus far am bi sinn a' cuimseachadh gus ar n-amasan a choileanadh.

Tha am Plana na shuidhe ri taobh sreath de ghnìomhan SMART gus sealltainn na gnìomhachd sònraichte a tha a dhìth thar Seirbheisean na Comhairle gus ar lèirsinn a lìbhrigeadh agus cruinneachadh de chomharran coileanaidh agus dàta a chuidicheas sinn gus ar buaidh a thomhas. Bithear a' toirt fiosrachadh às ùr gach sia mìosan air adhartas Plana na Comhairle do Bhòrd Stiùiridh na Comhairle, a gheibhear air-loidhne. Chì sibh geàrr-chunntas dhiubh sin fo gach cuspair san sgrìobhainn seo, ach airson barrachd fiosrachaidh a' toirt a-steach targaidean, cinn-latha agus coileanadh nas ùire, faicibh [an seo](#).

Ciamar as urrainn dhomh fios air ais a thoirt seachad no cuir ceist air Plana na Comhairle?

Uiribh post-d gu policycefar@renfrewshire.gov.uk le fios air ais no ceistean sam bith agus bidh sinn toilichte cluinntinn bhuaibh.

Thar Comhairle Siorrachd Rinn Friù, bidh gach Seirbheis a' leasachadh Plana Leasachaidh Seirbheis (PLS) gach bliadhna – tha na PLSan sin fo Phlana na Comhairle agus a' toirt cunntas air na gnìomhan a nì gach Seirbheis gus taic a thoirt do lìbhrigeadh Plana na Comhairle.

Tha Plana na Comhairle a' toirt cunntas air prìomhachasan agus gnìomhan na Comhairle, ach chan eil sinn ag obair leinn fhèin. Tha Com-pàirteachas Slàinte is Cùram Sòisealta Siorrachd Rinn Friù a' toirt a-mach plana den aon seòrsa ris an canar Plana Ro-innleachdail a tha a' mìneachadh phlanaichean airson dìon agus solarachadh cùram is taic dhaibhsan a tha feumach—faodaidh sibh seo a leughadh [an seo](#).

Tha cothroman cultair, cur-seachad agus spòrs air an lìbhrigeadh tro OneRen agus tha plana coltach ris ga thoirt a-mach gach bliadhna ris an canar am Plana Gnothachais aca—faodaidh sibh seo a leughadh [an seo](#).

Ciamar a gheibh mi am Plana seo ann an cruth eile?

A-rithist, cuiribh post-d gu policycefar@renfrewshire.gov.uk gus lethbhreac den phlana seo iarraidh ann an cruth eile, cànan eile no clò mòr.

Na builean ro-innleachdail againn

Tha na còig builean ro-innleachdail airson Plana na Comhairle seo – àite, eaconamaidh, cothromach, uaine agus a' beathachadh ar luachan.

Air am buidhnean fo gach raon builean tha na prìomhachasan àrd-ìre air am bi sinn a' cuimseachadh. Tron chòrr den Phlana seo faodaidh sibh barrachd a leughadh mu na tha sinn a' ciallachadh leis na raointean builean againn, le barrachd mion-fhiosrachaidh mu ar prìomhachasan agus na gnìomhan a nì sinn gus atharrachadh dearbhach maireannach a choileanadh thar ar builean ro-innleachdail gu lèir.

A' leasachadh bhuilean airson clann agus teaghlaichean

A' ruith tro na còig builean ro-innleachdail againn agus a' cur taic ris na tha sinn airson a choileanadh.

Prìomhachasan àrd-ìre de na còig builean Ro-innleachdail againn

Àite

- A' sealltainn gur e deagh àite a th' ann an Siorrachd Rinn Friù airson fàs suas, gur e àite a th' ann airson cothrom dhaibhsan a tha a' fuireach agus ag obair an seo, agus gur e àite sgoinneil a th' ann airson turas
- A' dèanamh cinnteach gu bheil solar de dhachaighean uaine, àrd-inbhe, aig prìs reusanta, tar-ghabhaltais anns na h-àiteachan ceart gus coinneachadh ri iarrtasan an-dràsta agus san àm ri teachd
- Ag obair còmhla ri com-pàirtichean gus dèanamh cinnteach gu bheil na nàbachdan againn nan àiteachan sàbhailte, beòthail agus tarraingeach airson fuireach
- A' leasachadh ar dàimh le, ag èisteachd ri agus a' toirt a-steach ar coimhearsnachdan ann a bhith a' cumadh an ama ri teachd, gu h-àraidh a thaobh co-dhùnaidhean tasgaidh is buidseit na Comhairle, agus a' dèanamh cinnteach gun cluinnear raon farsaing de ghuthan is bheachdan.

Eaconamaidh

- Ag adhartachadh beatha agus a' daingneachadh sunnd tro eaconamaidh nas làidire, in-ghabhalach agus seasmhach, a bhith cruthachail, mac-meanmnach agus a' ceangal chothroman gus buannachdan Siorrachd Rinn Friù a neartachadh
- A' cruthachadh chothroman cosnaidh seasmhach do dhaoine a tha a' fuireach ann an Siorrachd Rinn Friù, a' tàladh deagh luchd-fastaidh don sgìre agus a' brosnachadh fàs ghnìomhachasan a tha ag obair an seo mar-thà, a' dèanamh cinnteach gum faigh a h-uile duine buannachd às an fhàs in-ghabhalach ann an Siorrachd Rinn Friù
- A' toirt taic do ar saoranaich, gu sònraichte an fheadhainn as fhaide air falbh bho mhargaidh nan obraichean, a-steach gu obair chothromach — cosnadh sàsachail le deagh phàigheadh
- A' maidseadh nan sgilean a chaidh a leasachadh ann an Siorrachd Rinn Friù leis na cothroman a tha rim faighinn ann an Siorrachd Rinn Friù agus ag uidheamachadh clann is daoine òga air fad gus soirbheachadh nam beatha

Cothromach

- A' lùghdachadh neo-ionannachd ann an Siorrachd Rinn Friù, le fòcas air a bhith a' toirt taic do ar coimhearsnachdan tro èiginn cosgais bith-beò le urram agus a' toirt cumhachd do dhaoine beatha choileanta a bhith aca
- A' lùghdachadh bochdainn chloinne ann an Siorrachd Rinn Friù agus a' leasachadh bhuilean do chlann agus teaghlaichean a tha an-dràsta a' fuireach ann am bochdainn
- A' dìon, a' toirt taic doc agus ag àrachadh clann, teaghlaichean agus daoine a tha so-leònte, le fòcas sònraichte air eadar-theachd thràth agus slàinte inntinn agus sunnd, gus dèanamh cinnteach à builean adhartach
- A' cur còraichean agus feumalachdan gach pàiste is neach òg aig cridhe ar co-dhùnidhean agus lìbhrigeadh seirbheis
- Ag àrdachadh buileachadh foghlaim agus a' dèanamh cinnteach à cothromachd don chloinn agus don òigridh air fad

Uaine

- Ag obair thar chom-pàirtichean agus choimhearsnachdan gus na raointean prìomhachais a tha air an comharrachadh nar Plana airson Neoni Luim a lìbhrigeadh, ag obair a dh'ionnsaigh neoni lom ann an Siorrachd Rinn Friù ro 2030
- A' dèanamh cinnteach gur e eadar-ghluasad dìreach a th' anns ar slighe gu neoni lom, le ceartas agus cothromachd na gnàth-shìde aig cridhe, a' lorg chothroman gus dùbhlann a thoirt do neo-ionannachdan agus àrdachadh ar eaconamaidh uaine, a' cruthachadh obraichean uaine math a tha seasmhach airson an ama ri teachd
- A' dealbhadh airson atharrachaidhean gnàth-shìde san àm ri teachd nuair a bhios sinn a' dealbhadh ar seirbheisean agus a' leasachadh ar n-àite, gu sònraichte a' beachdachadh air a' bhuidheann air na saoranaich as so-leònte againn
- A' dìon agus ag adhartachadh nàdar ann an Siorrachd Rinn Friù agus a' brosnachadh comasan co-ionann air cothroman gus tlachd fhaighinn à nàdar thar gach sluagh is coimhearsnachd

A' Beathachadh ar Luachan

- A' nochdadh ceannardas agus lèirsinn làidir, a' dèanamh cho-dhùnaidhean duilich mu chumadh na buidhne againn gus ar tapachd agus seasmhachd ionmhasail san àm ri teachd a dhìon, agus a' toirt taic do ar daoine tro na h-atharrachaidhean sin.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil Comhairle Siorrachd Rinn Friù a' lìbhrigeadh an Luach as Fheàrr dha ar saoranaich agus ar teachdaichean, gu bheil sinn a' sealltainn gur e buidheann èifeachdach, le deagh riaghladh a th' annainn
- A' suidheachadh Comhairle Siorrachd Rinn Friù mar fhastaiche de roghainn, le ar dòighean-obrach, ar cultar agus ar luachan a' tàladh nan daoine as fheàrr a thighinn a-steach don sgioba againn
- Ag aithneachadh agus a' comharrachadh oidhirpean ar luchd-obrach gu lèir ann an dòighean a bheir air daoine faireachdainn gu bheil luach orra agus air am brosnachadh gus dreuchd a thogail ann an Comhairle Siorrachd Rinn Friù.
- A' gabhail cùram de shlàinte is sunnd ar luchd-obrach air fad, a' toirt taic dhuinn a bhith ag obair gu math agus a' lìbhrigeadh sheirbheisean air leth

Àite

Ag obair còmhla gus sunnd àrdachadh thar choimhearsnachdan

Tha na dachaighean againn aig cridhe ar mothachadh air àite. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gu bheil dachaighean àrd-inbhe, ceangailte gu didseatach, anns na h-àiteachan ceart a bheir taic do dhòighean-beatha an latha an-diugh agus a tha lùth-èifeachdach—gar cuideachadh gus ar n-amasan gnàth-shìde a choileanadh agus a’ toirt taic do theaghlaichean gus na cunntasan lùtha aca a lughdachadh agus beatha shona, shàbhailte, cheangailte agus choileanta fhidricheadh.

Tha sinn ag iarraidh gum bi cothrom aig a h-uile duine air nàdar, ceanglaichean còmhdaidh, deagh bhùthan is àiteachan ri ithe, eacarsaich, cùram-slàinte agus cothroman cultarail, cluich is ionnsachaidh nan coimhearsnachdan ionadail. Tha cruthachadh nan coimhearsnachdan ceangailte seo a’ cuideachadh le bhith a’ gearradh sìos air tursan neo-riatanach, a’ toirt taic don eaconamaidh ionadail againn agus cuideachd ag àrach am faireachdainn sin de bhuinteanas don àite mun cuairt oirnn.

Tha sinn airson gum fàs clann suas air bhioran, air am brosnachadh agus air am misneachadh gus an comas a choileanadh ann an Siorrachd Rinn Friù agus gu bheil iad airson cumail orra a’ fuireach an seo. Tha sinn airson gun gluais teaghlaichean a-steach don raon seo airson na sgoiltean sgoinneil agus fuireach airson na cothroman mòra.

Leanaidh sinn oirnn a’ comharrachadh nan ealan, cultar agus ar dualchas ann an Siorrachd Rinn Friù, a’ sìor aithneachadh cultar mar phrìomh chrann de shunnd, a’ sruthadh tro mhodhan ionadail a thaobh

slàinte, cùram sòisealta, foghlam agus leasachadh sgilean a bharrachd air ar planaichean agus ro-innleachdan ath-nuadhachaidh agus leasachadh eaconamach airson Siorrachd Rinn Friù.

Tha sinn airson gum bi guth aig daoine bhon fheadhainn as òige againn chun an luchd-còmhnaidh as sine againn anns na co-dhùnaidhean a tha cudromach dhaibh: bho phàircean-cluiche gu cùram slàinte, bho cho-dhùnaidhean tasgaidh gu na cothroman cultarail a bheir gàire air ar n-aghaidhean uile, tha sinn airson gum bi daoine a’ faireachdainn mar gun deach an guthan a chluinntinn agus gu bheil sinn a’ cruthachadh àm ri teachd Siorrachd Rinn Friù còmhla.

Bidh sinn a’ coimhead air àite slàn nuair a smaoinicheas sinn air mar a tha na pàirtean sin uile a’ freagairt ri chèile - canar cumadh àite ris an seo. Bidh sinn ag obair còmhla gus ar buaidh choitcheann a mheudachadh thairis air poileasaidhean agus cleachdaidhean eaconamach, sòisealta, corporra, cultarail agus àrainneachd.

Ar Prìomhachasan

- A' sealltainn gur e deagh àite a th' ann an Siorrachd Rinn Friù airson fàs suas, gur e àite a th' ann airson cothrom dhaibhsan a tha a' fuireach agus ag obair an seo, agus gur e àitesgoinneil a th' ann airson turas
- A' dèanamh cinnteach gu bheil solar de dhachaighean uaine, àrd-inbhe, aig prìs reusanta, tar-ghabhaltais anns na h-àiteachan ceart gus coinneachadh ri iarrtasan an-dràsta agus san àm ri teachd
- Ag obair còmhla ri com-pàirtichean gus dèanamh cinnteach gu bheil na nàbachdan againn nan àiteachan sàbhailte, beòthail agus tarraingeach airson fuireach
- A' leasachadh ar dàimh le, ag èisteachd ri agus a' toirt a-steach ar coimhearsnachdan ann a bhith a' cumadh an ama ri teachd, gu h-àraidh a thaobh co-dhùnaidhean tasgaidh is buidseit na Comhairle, agus a' dèanamh cinnteach gun cluinnear raon farsaingde ghuthan is bheachdan.

Ciamar a lìbhrigeas sinn seo? (ar gnìomhan)

1. A' cur air adhart prògram Ath-nuadhachaidh is Ùrachaidh Taigheadais Siorrachd Rinn Friù
2. A' toirt taic do ar saoranaich gus faighinn gu dachaighean thar-ghabhaltais aig prìs ruigsinneach a tha air an comasachadh gu didseatach agus a choinnicheas ri feumalachdan coimhearsnachd
3. A' lìbhrigeadh nam mòr-mhiannan anns na seallaidhean àite fad-ùine againn airson ar prìomh bhailtean agus meadhan bhailtean
4. A' lìbhrigeadh prògraman tasgaidh calpa ro-innleachdail Siorrachd Rinn Friù, a' gabhail a-steach oighreachd chultarail, bun-structair, taigheadais agus sgoile, agus a' meudachadh buannachdan fad-ùine do ar coimhearsnachdan
5. A' leasachadh Siubhal Rinn Friù 2035, an Ro-innleachd Còmhhdail againn, le taic bho Ro-innleachdan Siubhal Gnìomhach agus Còmhhdail Poblach ath-sgrùdaichte agus a rèir nan ro-innleachdan siubhail roinneil is nàiseanta
6. A' lìbhrigeadh an ath ìre de leasachadh Com-pàirteachasan Ionadail, tro ar prògram Planaichean Ionadail ùra, Prìomhachasan Ionadail agus Guthan Ionadail
7. Dealbhaich modal seirbheis Coimhearsnachdan Ceangailte ùr don Chomhairle, ag atharrachadh mar a bheir sinn taic, co-obrachadh agus conaltradh le ar coimhearsnachdan

Ciamar a thomhaiseas sinn seo? (na comharran coileanaidh againn)

1. Cothroman rudeigin adhartach fhaicinn no a chluinntinn mu Phàislig agus Siorrachd Rinn Friù
2. An ìre de thalamh falamh is trèigte (heactairean)
3. An àireamh sa cheud de stoc taigheadais na Comhairle a tha a' coileanadh Inbhe Càileachd Taigheadais na h-Alba
4. Crìochnachaidhean taigheadais aig prìs ruigsinneach
5. Àireamh sa cheud de chàradh poit-tholl a chaidh a chrìochnachadh taobh a-staigh raointean-ama

Thoiribh an aire, tha sinn an dùil comharran coimhearsnachd a bharrachd a leasachadh.



Eaconamaidh

A' togail eaconamaidh in-ghabhalach, uaine agus tapaidh (a' maidseadh dhaoine, sgilean agus chothroman)

Tha eaconamaidh Siorrachd Rinn Friù fhathast làidir a dh'aindeoin duilgheadasan na h-èiginn lèir-sgaoilte agus cosgais bith-beò, le mìltean de ghnìomhachasan a' dèanamh Siorrachd Rinn Friù nan dachaigh agus raon farsaing de bhuidhnean ionadail, nàiseanta is cruinneil a' roghnachadh tasgadh a dhèanamh an seo. Tha sinn airson seo a bhrosnachadh, ag àrach ghnothachasan ùra agus a' toirt taic do ghnìomhachasan a th' ann mar-thà gus soirbheachadh.

Is e an ghnìomhachas saothrachaidh a tha a' sìor fhàs an roinn as motha ann an Siorrachd Rinn Friù airson LLL (no Luach Làn-Leasaichte), tha e air a dhol suas gu mòr anns na bliadhnan mu dheireadh agus tha dùil gun lean e ag èirigh. Tha Siorrachd Rinn Friù na dhachaigh do Sgìre Ùr-ghnàthachaidh Saothrachaidh Adhartach Alba (AMIDS), an leasachadh suaicheanta againn a tha air thoiseach san roinn a' stèidheachadh Siorrachd Rinn Friù mar an t-àite airson sàr-mhathas ann an rannsachadh saothrachadh, leasachadh agus ùr-ghnàthachadh. Còmhla ri pròiseactan City Deal agus Leveling Up Siorrachd Rinn Friù—raon Tasgadh Port-adhair Ghlaschu agus AMIDS a Deas a' toirt seachad bun-struchtair comasachaidh airson AMIDS a' toirt a-steach rathaidean ùra agus slighean baidhsagal, drochaidean agus solar ghoireasan; agus Cladach Chluaidh agus Taobh na h-Aibhne Rinn Friù a' lìbhrigeadh drochaid fhosglaidh thar Abhainn Chluaidh—tha na pròiseactan sin mar-thà a' toirt cothroman cosnaidh, sgilean agus fàs eaconamach gu Siorrachd Rinn Friù.

'S e deagh eisimpleir a th' ann an AMIDS air mar a tha sinn mar-thà ag obair gus dèanamh cinnteach gu bheil ar n-àrd-amasan eaconamach a' toirt taic do ar rùintean gnàth-shìde leis an sgìre air a dhealbhadh

le seasmhachd aig a cridhe, a' toirt a-steach lìonra teasachaidh carbon-ìosal ùr-nodha.

Tha grunn dhùbhlain mu choinneamh Siorrachd Rinn Friù—feumaidh sinn ar sluagh aig aois obrach àrdachadh agus dèanamh cinnteach gun urrainn dha na daoine a tha a' fuireach an seo cuideachd obair an seo ann an obraichean sgileil le deagh phàigheadh agus nach fheum iad siubhal taobh a-muigh Siorrachd Rinn Friù airson cosnadh fhaighinn. Tha fios againn gu bheil mòran den luchd-còmhnaidh againn ag obair cruaidh ach ann an obraichean le tuarastal ìosal, obraichean nach eil a' toirt taic dhaibh a bhith beò gu math agus obraichean a tha a' ciallachadh gu bheil iad fhathast a' fulang bochdainn.


Tha fastaichean ag innse dhuinn gu bheil e doirbh dhaibh dreuchdan bàna a lìonadh agus tha fios againn gu bheil beàrnan sgilean ann cuideachd. Tha sinn airson a bhith ann an deagh shuidheachadh airson a' chuid as fheàrr a dhèanamh den eaconamaidh uaine agus na sgilean ceart a leasachadh aig an àm cheart gus dèanamh cinnteach gun urrainn do dhaoine ann an Siorrachd Rinn Friù obair ann an obraichean le deagh phàigheadh, a tha sàsachail agus a dhìonas an àrainneachd.

Ar Prìomhachasan

- Ag adhartachadh beatha agus a' daingneachadh sunnd tro eaconamaidh nas làidire, in-ghabhalach agus seasmhach, a bhith cruthachail, mac-meanmnach agus a' ceangal chothroman gus buannachdan Siorrachd Rinn Friù a neartachadh
- A' cruthachadh chothroman cosnaidh seasmhach do dhaoine a tha a' fuireach ann an Siorrachd Rinn Friù, a' tàladh deagh luchd-fastaigh don sgìre agus a' brosnachadh fàs ghnìomhachasan a tha ag obair an seo mar-thà, a' dèanamh cinnteach gum faigh a h-uile duine buannachd às anfhàs in-ghabhalach ann an Siorrachd Rinn Friù
- A' toirt taic do ar saoranaich, gu sònraichte an fheadhainn as fhaide air falbh bho mhargaidh nan obraichean, a-steach gu obair chothromach — cosnadh sàsachail le deagh phàigheadh
- A' maidseadh nan sgilean a chaidh a leasachadh ann an Siorrachd Rinn Friù leis na cothroman a tha rim faighinn ann an Siorrachd Rinn Friù agus ag uidheamachadh clann is daoine òga air fad gus soirbheachadh nam beatha.

Ciamar a lìbhrigeas sinn seo? (ar gnìomhan)

1. A' leasachadh Moladh Tasgaidh airson Siorrachd Rinn Friù a tha soilleir mu ar miannan eaconamach airson ar n-àite
2. A' cumail sùil air na buannachdan bho Phròiseactan Cùmhnant a' Bhaile, a' gabhail a-steach Raon Tasgadh Port-adhair Ghlaschu, Cladach Chluaidh agus Taobh na h-Aibhne Rinn Friù agus prògraman cosnaidh air feadh a' bhaile.
3. A' gabhail pàirt gu h-iomlan ann an co-iomairt AMIDS
4. A' cur crìoch air leasachadh Tech Terrace agus tarraing a' chiad neach-còmhnaidh mòr
5. A' leasachadh Plana Togail Beartais Coimhearsnachd airson Siorrachd Rinn Friù
6. A' leantainn air adhart le taic a thoirt do chosnadh ionadail tro bhith lìbhrigeadh taic cuimsichte tro phrògram cosnaidh na Comhairle
7. A' leantainn air adhart a' toirt air adhart prìomh ghnìomhan gus taic a thoirt do dh'fhàs eaconamach ionadail agus roinneil.



Ciamar a thomhaiseas sinn seo? (na comharran coileanaidh againn)

1. An àireamh sa cheud de chosgaisean solarachaidh na comhairle ga chosg air iomairtean ionadail
2. Luach Làn-Leasaichte (LLL) gach pearsa
3. An àireamh de dhaoine a fhuair taic, air an cumail suas ann an obair aig 6 mìosan tro Shiorrachd Rinn Friù
4. Prògram Cosnaidh na Comhairle (INVEST)
5. Àireamh de ghnìomhachasan ùra a' tòiseachadh ann an Siorrachd Rinn Friù le taic Business Gateway
6. Cunntas Luchd-tagraidh Siorrachd Rinn Friù
7. Àireamh sa cheud de shluagh Siorrachd Rinn Friù aig aois obrach (16-64)
8. Àireamh sa cheud de shluagh Siorrachd Rinn Friù aig aois obrach (16-64) a tha neo-ghnìomhach gu h-eaconamach.



Cothromach

Ag àrach àm ri teachd soilleir, sona agus fallain dha na h-uile

Tha cothromachd aig cridhe gach nì a bhios sinn a' dèanamh—tha e na phrìomh luach aig Comhairle Siorrachd Rinn Friù. Tha ar co-obraichean agus ar coimhearsnachdan air innse dhuinn gu bheil cothromachd cudromach.

Is e na dh'ionnsaich sinn bhon ghalar sgaoilte nach bi amannan duilich a' làimhseachadh a h-uile duine san aon dhòigh. Tha sinn a' faicinn seo fhathast le èiginn cosgais bith-beò, èiginn gnàth-shìde agus buaidh thachartasan cruinneil. Bidh iad sin a' toirt buaidh air daoine a tha fo ana-cothrom nas cruaidhe—an fheadhainn le tinneas slàinte mar-thà, an fheadhainn ann an obraichean le droch phàigheadh, an fheadhainn a tha a' strì mu thràth. Uair is a-rithist, nuair a tha dùbhlain mòra tarsainn a' chomainn-shòisealta, chan eilear gam faireachdainn gu co-ionann.

Tha fios againn cuideachd nach eil na h-aon chothroman aig cuid de chloinn is dhaoine òga air soirbheachadh agus a tha aig cuid eile, leithid daoine òga le eòlas cùraim, agus tha fios againn nach eil an aon chothrom aig teaghlaichean a tha a' fuireach ann an coimhearsnachdan nas bochda ann an Siorrachd Rinn Friù an-còmhnaidh na h-aon chothroman nam beatha 's a tha aig cuid eile.


Tha dàimh dhoirbh aig Siorrachd Rinn Friù ri deoch-làidir agus drogaichean—tha sinn ag aithneachadh a' chron a tha air a dhèanamh dha ar daoine agus ar coimhearsnachdan agus tha sinn cuideachd ag aithneachadh na mòr-chiùrradhan domhainn a dh'fhaodadh daoine a thoirt gu bhith a' cleachdadh stuthan ann an dòighean a tha cronail dhaibh.

Mar Chomhairle, bidh sinn ag obair gu dlùth le ar prìomh chom-pàirtichean gus cùram agus taic a sholarachadh, agus gus na saoranaich as so-leònte againn a dhìon—ar clann agus ar daoine òga, ar seann dhaoine agus daoine le feumalachdan sònraichte. Còmhla bidh sinn gan cuideachadh le bhith a' fuireach am beatha as fheàrr, saor bho chron agus comasach air soirbheachadh.

Cha bu chòir eagal a bhith air duine mun àm ri teachd, an sàbhailteachd, an slàinte no an sunnd. Cha bu chòir càit a bheil sibh a' fuireach co-dhùnadh dè cho fada 's a mhair sibh. Tha seo mì-chothromach agus tha sinn airson gun atharraich seo.

Ar Prìomhachasan

- A' lùghdachadh neo-ionannachd ann an Siorrachd Rinn Friù, le fòcas air a bhith a' toirt taic do ar coimhearsnachdan tro èiginn cosgais bith-beò le urram agus a' toirt cumhachd do dhaoine beatha choileanta a bhith aca
- A' lùghdachadh bochdainn chloinne ann an Siorrachd Rinn Friù agus a' leasachadh bhuilean do chlann agus teaghlaichean a tha an-dràsta a' fuireach ann am bochdainn
- A' dìon, a' toirt taic do agus ag àrachadh clann, teaghlaichean agus daoine a tha so-leònte, le fòcas sònraichte air eadar-theachd thràth agus slàinte inntinn agus sunnd, gus dèanamh cinnteach à builean adhartach
- A' cur còraichean agus feumalachdan gach pàiste is neach òg aig cridhe ar co-dhùnaidhean agus lìbhrigeadh seirbheis
- Ag àrdachadh buileachadh foghlaim agus a' dèanamh cinnteach à cothromachd don chloinn agus don òigridh air fad.



Ciamar a lìbhrigeas sinn seo? (ar gnìomhan)

1. A' lìbhrigeadh prògram Siorrachd Rinn Friù nas Cothromaiche, ag obair le com-pàirtichean gus taic a thoirt do luchd-còmhnaidh Siorrachd Rinn Friù tro èiginn cosgais bith-beò
2. A' leasachadh dòighean gus taic a thoirt do dhaoine fa leth aig a bheil fìor eòlas air bochdainn gus buaidh a thoirt air poileasaidh san raon seo
3. A' leasachadh dhòighean-obrach ùra agus radaigheach airson dèiligeadh ri bochdainn chloinne ann an Siorrachd Rinn Friù (CF)
4. Bidh Bòrd Sgrùdaidh Ro-innleachdail a' Gheallaidh agus sruthan-obrach ag adhartachadh agus a' dèanamh cinnteach gu bheil Siorrachd Rinn Friù 'A' Cumail A' Gheallaidh' agus a' lìbhrigeadh builean nas fheàrr do dhaoine fa leth aig a bheil eòlas cùraim, a' cumail clann taobh a-staigh an teaghlaichean far an gabh sin dèanam (CF)
5. A' togail comas ionadail airson atharrachadh air siostaman slàn agus gus lìbhrigeadh sheirbheisean taoc teaghlaich slàn a mheudachadh agus a stiùireadh (CF)
6. A' leasachadh Prògram Siorrachd Rinn Friù Fiosraichte agus Freagarrach airson Mòr-chiùrraidh
7. A' toirt air adhart dealbhadh agus lìbhreagadh a' Churraicealaim, Ionnsachadh, Teagasg agus Measadh; na Teaghlaichean agus na Coimhearsnachdan; agus na Pasganan In-ghabhail taobh a-staigh Seirbheisean Cloinne (CF)
8. A' lìbhrigeadh taic slàinte inntinn is sunnd, a' gabhail a-steach lìonra slàinte inntinn is sunnd Ren10 gus taic a thoirt do chloinn, daoine òga agus an teaghlaichean (CF)
9. A' lìbhrigeadh freagairtean ro-innleachdail agus gnìomhach a thaobh imrich agus comraich, a' toirt taic do dhaoine fa-leth agus do theaghlaichean gus faighinn a-steach gu àiteachan-fuirich suidhichte (CF)

Ciamar a thomhaiseas sinn seo? (na comharran coileanaidh againn)

1. An àireamh sa cheud de chloinn a' fuireach ann am bochdainn (às dèidh cosgaisean taigheadais)
2. Co-roinn de dhaoine a' cosnadh nas lugha na am fìor thuarastal bith-beò
3. An àireamh sa cheud a tha a' gabhail biadh sgoile an-asgaidh ann am bun-sgoiltean
4. An àireamh chloinne a tha a' faighinn tabhartasan aodach sgoile
5. An ùine chuibheasach bho theaghlach gan nochdadh fhèin mar dhaoine gun dachaigh gu crìoch dleistanais (àireamh de sheachdainean)

Thoiribh an aire gu bheil sinn an dùil comharran a bharrachd a leasachadh, a' gabhail a-steach co-ionannachdan, iomadachd agus in-ghabhail.



Uaine

a' stiùireadh Siorrachd Rinn Friù gu Neoni Lom

Tha sinn airson crìoch a chuir air na chuir Siorrachd Rinn Friù ri atharrachadh gnàth-shìde taobh a-staigh ginealach. Tha sinn ag obair a dh'ionnsaigh neoni lom ro 2030 airson Siorrachd Rinn Friù gu lèir gus dèanamh cinnteach à àite nas sàbhailte, nas fhallaine, nas uaine agus nas cothromaiche anns am faod a h-uile duine a bhith a' fuireach, ag obair agus a' caitheamh ùine.

Tha neoni lom a' ciallachadh a bhith a' lughdachadh sgaoilidhean gualain cho mòr 's as urrainn dhuinn agus an uairsin a' 'frith-chothromachadh' sgaoilidhean sam bith a tha air fhàgail nach gabh a lughdachadh tro dhòighean leithid cur chraobhan, ath-nuadhachadh boglaichean agus sgeamaichean glacaidh gualain.

Tha sinn air Plana airson Net Zero a leasachadh airson Siorrachd Rinn Friù gu lèir—a' Chomhairle, ar com-pàirtichean, an roinn gnìomhachais agus coimhearsnachdan. Feuchaidh a' Chomhairle ri bhith a' stiùireadh le eisimpleir, a' cleachdadh ar buaidh, ar maoin, ar cumhachd ceannach agus ar daoine gus sealltainn mar as urrainn dhuinn fìor eadar-dhealachadh a dhèanamh agus dìleab dheimhinneach mhaireannach fhàgail dha na ginealaichean ri teachd tro ar cruthachalachd agus treuntachd an-dràsta.

Tha cothromachd aig cridhe turas neoni lom Siorrachd Rinn Friù, a' dèanamh cinnteach nach toir na h-atharrachaidhean a nì sinn nar seirbheisean neo dòighean-obrach gus dèiligeadh ri èiginn na gnàth-shìde buaidh nas motha air daoine a tha a' strì mar-thà. Tha sinn cuideachd airson dèanamh cinnteach gum faigh a h-uile duine buannachd bho atharrachaidhean a nì sinn a dh'ionnsaigh dòigh-beatha nas uaine, leithid tro bhith a' lughdachadh

chunntasan lùtha, sgilean is obraichean ùra uaine, agus leasachaidhean nar bun-structar còmhhdail gus am bi e nas fhasa siubhal gu cothroman cosnaidh.

Bidh sinn cuideachd a' toirt a-steach fulangas agus atharrachadh nar dealbhadh neoni lom—a' comharrachadh chunnartan gus ar cuideachadh le bhith ag ullachadh, a' freagairt agus a' faighinn air ais bho dhroch shìde agus buaidhean atharrachadh gnàth-shìde a thathas a' faireachdainn an-dràsta. Bidh fòcas sònraichte againn air na coimhearsnachdan agus na saoranaich as so-leònte againn, còmhla ri beachdachadh air tapachd ar buidhne, ar sèine solair agus eaconamaidh agus bun-structar ionadail Siorrachd Rinn Friù.

Còmhla ri ar rùintean airson dèiligeadh ri èiginn na gnàth-shìde, mar buidheann a chuir ainm ri Dearbhadh Dhùn Èideann air Bith-iomadachd, tha a' Chomhairle air gealltainn dèiligeadh ri èiginn nàdair. Nì sinn seo tro bhith a' dìon agus ag àrdachadh ar n-eag-shiostaman ionadail, a' beachdachadh air fuasglaidhean stèidhichte air nàdar agus a' brosnachadh agus a' toirt taic don àrainneachd nàdarra sgoinneil againn ann an Siorrachd Rinn Friù, ag aithneachadh na buannachdan slàinte is sunnd a tha an lùib a bhith a' faighinn tlachd à nàdar.

Ar Prìomhachasan

- Ag obair thar chom-pàirtichean agus choimhearsnachdan gus na raointean prìomhachais a tha air an comharrachadh nar Plana airson Neoni Luim a lìbhrigeadh, ag obair a dh'ionnsaigh neoni lom ann an Siorrachd Rinn Friù ro 2030
- A' dèanamh cinnteach gur e eadar-ghluasad dìreach a th' anns ar slighe gu neoni lom, le ceartas agus cothromachd na gnàth-shìde aig cridhe, a' lorg cothroman gus dùbhlana thoirt do neo-ionannachdan agus àrdachadh ar eaconamaidh uaine, a' cruthachadh obraichean uaine math a tha seasmhach airson an ama ri teachd
- A' dealbhadh airson atharrachaidhean gnàth-shìde san àm ri teachd nuair a bhios sinn a' dealbhadh ar seirbheisean agus a' leasachadh ar n-àite, gu sònraichte a' beachdachadh air a' bhuaidh air na saoranaich as so-leònte againn
- A' dìon agus ag adhartachadh nàdar ann an Siorrachd Rinn Friù agus a' brosnachadh comasan co-ionann air cothroman gus tlachd fhaighinn à nàdar thar gach sluagh is coimhearsnachd.

Ciamar a lìbhrigeas sinn seo? (ar gnìomhan)

1. A' leasachadh eadar-theachdan agus gnìomhan cuimsichte le cosgais gus taic a thoirt don turas neoni lom againn taobh a-staigh na Comhairle agus ag obair ann an com-pàirteachas le prìomh luchd-ùidh (CF).
2. A' leasachadh Ro-innleachd Sgaoilidhean Ìosal / Dealain
3. A' leasachadh Lèirmheas Seilbh Ro-innleachdail air so-mhaoin obrachaidh, neo-obrachail agus còrr air a' Chomhairle
4. A' leasachadh ro-innleachd maoineachaidh gus taic a thoirt do ghoireasan ghnìomhan gus neoni lom a lìbhrigeadh
5. A' stèidheachadh buidseat gualain do Chomhairle Siorrachd Rinn Friù
6. A' dèanamh lèirmheas air cothroman taobh a-staigh phròiseactan bun-structair na Comhairle gus a bhith a rèir gluasad sgilean agus leasachadh sgilean uaine do mhuinntir an àite.

Ciamar a thomhaiseas sinn seo? (na comharran coileanaidh againn)

1. Sgaoilidhean CO2 air feadh na sgìre gach pearsa
2. Sgaoilidhean CO2 air feadh na sgìre: sgaoilidhean taobh a-staigh raon UI gach pearsa
3. Ìre de CO2 a thèid a sgaoileadh leis a' chabhlach charbadan poblach
4. Ìre de CO2 a thèid a sgaoileadh bho sholais àite poblach
5. Ìre de CO2 a thèid a sgaoileadh bho toglaichean a' Chomhairle
6. An àireamh sa cheud de sgudal taighe air ath-chuairteachadh (dàta bliadhnail)

A' Beathachadh ar Luachan

A' dèanamh diofar còmhla

Tha dùbhlain ionmhais nach fhacas a-riamh air a' bhuidheann againn gus sàbhalaidean mòra a dhèanamh às deidh grunn bhliadhnaichean de bhith a' lìbhrigeadh èifeachdas susbainteach agus lùghdachadh nar caitheamh. Tha an t-iarrtas airson ar seirbheisean nas àirde na bha e a-riamh agus, mar dhachaighean air feadh Siorrachd Rinn Friù, tha na cosgaisean ris am feum a' Chomhairle coinneachadh, leithid lùth is biadh, cuideachd aig an ìre as àirde a-riamh.

Tha co-dhùnaidhean duilich againn ri dhèanamh gach bliadhna a thaobh dè na seirbheisean a tha sinn a' lìbhrigeadh, mar a lìbhrigeas sinn iad agus far am feum sinn ar fòcas a ghluasad ann an àiteachan eile. Feumaidh sinn obrachadh san dòigh seo gus dèanamh cinnteach gun urrainn do Chomhairle Siorrachd Rinn Friù cumail orra a' lìbhrigeadh sheirbheisean dhaibhsan aig a bheil am feum as motha an-dràsta agus san àm ri teachd.

Tha fios againn gum feum sinn leantainn air adhart a' lìbhrigeadh prògram cruth-atharrachaidh àrd-amasach is tar-ghearraidh gus dèanamh cinnteach gu bheil a' bhuidheann againn tapaidh gus coinneachadh ri dùbhlain san àm ri teachd, agus a' leantainn air adhart a' lìbhrigeadh ar prìomh phrìomhachasan ann an dòighean a bheir seachad deagh luach agus an eòlas as fheàrr do ar teachdaichean agus ar saoranaich.

Tha obair do Chomhairle Siorrachd Rinn Friù a' ciallachadh eadar-dhealachadh a dhèanamh, mòr no beag, do luchd-còmhnaidh Siorrachd Rinn Friù. Mar a mhìnich sinn, atharraichidh pàirtean den bhuidheann againn agus thig na dòighean-obrach air adhart thar ùine, ach tha ar prìomh adhbhar fhathast mar a bha e—a' frithealadh Siorrachd Rinn Friù, ga dhèanamh na àite sàbhailte agus toilichte airson a bhith a' fuireach, ag ionnsachadh agus a' tadhal air. Tha a bhith mar phàirt de sgioba Comhairle Siorrachd Rinn Friù a' ciallachadh a bhith a' taisbeanadh ar luachan a thaobh mar a lìbhrigeas sinn seirbheisean, mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le coimhearsnachdan agus ar co-obraichean, agus mar a bhios sinn uile beò nar beathanan obrach làitheil.

Tha sinn airson gum bi earbsa aig ar coimhearsnachdan annainn agus gum bi fios aig duine sam bith a bhios ag eadar-obrachadh leinn gun tèid dèiligeadh riutha le spèis, co-fhaireachdainn agus urram—ag obair an seo, tha sinn cothromach agus inghabhalach dha chèile agus dhaibhsan a choinnicheas sinn nar latha obrach.

Tha sinn moiteil a bhith ag obair do Chomhairle Siorrachd Rinn Friù agus tha sinn dìoghrasach mu bhith a' dèanamh eadar-dhealachadh—ag obair an seo, tha sinn cuideachail, bidh sinn a' dol na mhìle a bharrachd gus toirt air cùisean obrachadh agus ceanglaichean a dhèanamh gus seirbheisean agus builean nas fheàrr a lìbhrigeadh.

Tha sinn a' gabhail cùram mu Shiorrachd Rinn Friù, agus tha fios againn gun urrainn dhuinn barrachd a choileanadh còmhla—ag obair an seo, tha sinn nar co-obrachichean air leth, ag obair còmhla thar diofar sgiobaidhean, sheirbheisean, agus le diofar bhuidhnean, com-pàirtichean agus ar coimhearsnachdan gus Siorrachd Rinn Friù a dhèanamh cho math sa ghabhas.

Tha sinn airson cumail oirnn a' tàladh nan daoine as soilleire agus as fheàrr a dh'obair an seo agus tha sinn airson cumail suas ri teicneòlas is beachdan ùra agus a' tighinn am bàrr agus tuigse fhaighinn air na buannachdan a bheir seo dhuinn agus don luchd-ceannach againn – ag obair an seo, tha sinn a' cur luach air ionnsachadh, bho chàch a chèile agus bho àiteachan is buidhnean eile.

Is ann dìreach tro na daoine a tha ag obair do Chomhairle Siorrachd Rinn Friù as urrainn dhuinn na prìomhachasan a tha air am mìneachadh sa Phlana seo a lìbhrigeadh. Tha pàirt aig gach aon againn ri chluich.

Ar Prìomhachasan

- A' nochdadh ceannardas agus lèirsinn làidir, a' dèanamh cho-dhùnaidhean duilich mu chumadh na buidhne againn gus ar tapachd agus seasmhachd ionmhasailsan àm ri teachd a dhìon, agus a' toirt taic do ar daoine tro na h-atharrachaidhean sin
- A' dèanamh cinnteach gu bheil Comhairle Siorrachd Rinn Friù a' lìbhrigeadh an Luach as Fheàrr dha ar saoranaich agus ar teachdaichean, gu bheil sinn a' sealltainn gur e buidheann èifeachdach, le deagh riaghladh a th' annainn
- A' suidheachadh Comhairle Siorrachd Rinn Friù mar fhastaiche de roghainn, le ar dòighean-obrach, ar cultar agus ar luachan a' tàladh nan daoine as fheàrr a thighinn a-steach don sgioba againn
- Ag aithneachadh agus a' comharrachadh oidhirpean ar luchd-obrach gu lèir ann an dòighean a bheir air daoine faireachdainn gu bheil luach orra agus air am brosnachadh gus dreuchd a thogail ann an Comhairle Siorrachd Rinn Friù
- A' gabhail cùram de shlàinte is sunnd ar luchd-obrach air fad, a' toirt taic dhuinn a bhith ag obair gu math agus a' lìbhrigeadh sheirbheisean air leth.

Ciamar a lìbhrigeas sinn seo? (ar gnìomhan)

1. A' cur an gnìomh an ath cheum cruth-atharrachaidh tro na gnìomhan ag èirigh bho shruth-obrach seasmhachd ionmhais agus leasachaidh na Comhairle
2. A' lìbhrigeadh gnìomhachd fèin-mheasaidh air feadh na buidhne a rèir modh sgrùdaidh luach as fheàrr ath-sgrùdaichte
3. A' stiùireadh buileachadh brannd na comhairle, a' dèanamh cinnteach gu bheil conaltradh na comhairle ciallach, fiosraichte, in-ghabhalach agus ruigsinneach (CF)
4. A' lìbhrigeadh dòigh-obrach ùr a thaobh planadh luchd-obrach agus ùr-ghnàthachadh luchd-obrach, le fòcas air fastadh is gleidheadh; ionnsachadh agus leasachadh; agus slighean dreuchdail
5. A' fighe ar Ro-innleachd Sunnd a-steach, a' coinneachadh ri feumalachdan ar luchd-obrach an-dràsta agus san àm ri teachd
6. A' stiùireadh làthaireachd nas fheàrr agus nas lugha de neo-làthaireachd air feadh na buidhne
7. A' leantainn air adhart a' leasachadh ar modhan-obrach agus ar gnìomhan a thaobh Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhail, a' freagairt air feumalachdan agus beachdan ar luchd-obrach
8. A' leasachadh dòighean-obrach ùra airson co-chomhairle agus conaltradh le ar coimhearsnachdan, le taic bho ar luachan.

Ciamar a thomhaiseas sinn seo? (na comharran coileanaidh againn)

1. An àireamh chuibheasach de làithean obrach air an call air sgàth neo-làthaireachd tinneas gach neach-obrach
2. Àireamh sa cheud de dhreuchdan den 5% as àirde de luchd-cosnaidh am measg luchd-obrach (ach a-mhàin luchd-teagaisg) a tha nam boireannaich
3. Beàrn pàighidh sa cheud eadar gnè eadar ìre pàighidh cuibheasach san uair airson luchd-obrach fireann agus boireann
4. Gearanan air an dùnadh aig Frontline Resolution mar cheudad de na gearanan gu lèir
5. An àireamh sa cheud de dh'iarrtasan SAF a chaidh a chrìochnachadh taobh a-staigh raon-ama
6. An àireamh sa cheud de chomharran LGBF a' coileanadh anns na 2 cheathramh as àirdes

Thèid comharradh sàsachd luchd-obrach ùr a stèidheachadh mar phàirt den ghnìomhachd conaltraidh leantainneach tro ar suirbhidh luchd-obrach, agus tha sinn a' leasachadh comharra trèanaidh is leasachaidh airson a chleachdadh san àm ri teachd.

A' leasachadh bhuileanairson clann agus teaghlaichean

Ciamar a thomhaiseas sinn seo? (na comharran coileanaidh againn)

1. Beàrnan puing sa cheud ann an % sgoilearan a' coileanadh na h-ìre ris an robh dùil airson an ìre ann an Litearrachd eadar sgoilearan a tha a' fuireach ann an 30% Sgìrean as Bochda agus an fheadhainn a tha a' fuireach ann an 70% Sgìrean as Beartaiche (SIMD).
2. Beàrnan puing sa cheud ann an % sgoilearan a' coileanadh na h-ìre ris an robh dùil airson an ìre ann an Àireamhachd eadar sgoilearan a tha a' fuireach ann an 30% Sgìrean as Bochda agus an fheadhainn a tha a' fuireach ann an 70% Sgìrean as Beartaiche (SIMD).
3. Sgòr taraife cuibheasach iomlan de luchd-fàgail a' fuireach ann an sgìrean SIMD 30% as bochda
4. Sgòr taraife cuibheasach iomlan gach neach-fàgail na sgoile ann an Siorrachd Rinn Friù
5. Co-roinn de chlann a tha fo chùram sa choimhearsnachd.

www.renfrewshire.gov.uk